



Maureen McKenna OBE

Thòisich Maureen a' teagasg ann an Roinn a' Mhonaigh mar a bh' ann, far an robh i a' teagasg matamataig ann an trì diofar àrd-sgoiltean. Thill i gu Srath Chluaidh agus bha i na prìomh-thidsear matamataig agus an uair sin na leas-cheannard ann an Acadamaidh Chill Saidhe.

Ann an 2000, ghluais i gu Luchd-sgrùdaidh na Banrigh airson Foghlam, far an d' rinn i sgrùdadh air iomadach seòrsa sgoil, air ùghdarrasan foghlaim agus air dìon chloinne.

Bha grunn dhreuchdan aig Maureen aig HMIE, nam measg eòlaiche nàiseanta air matamataig agus Neach-sgrùdaidh Sgìreil Ghlaschu agus Siorrachd Àir a Tuath.

Chaidh i gu Comhairle Baile Ghlaschu san Dùbhlachd 2007. An-dràsta tha Maureen cuideachd na Ceann-suidhe air Comann Stiùirichean Foghlaim na h-Alba agus na h-lar-cheann-suidhe Urramach air Ball-basgaid na h-Alba. Tha i air tè den chiad bhoireannaich a fhuair teisteanas a bhith na rèitire air ball-basgaid eadar-nàiseanta.

An-dràsta tha Maureen na cathraiche air a' bhuidheann Making Maths Count. Chaidh am buidheann a chur air bhonn le Rùnaire a' Chaibineit a bh' ann an uair sin gus piseach a thoirt air ìomhaigh matamataig.

Fhuair Maureen OBE ann an Urraman Bliadh' Ùire na Banrigh airson seirbheis do fhoghlam ann an Glaschu agus Malawi.



Shona Nicllinnein

'S ann à Drochaid an Aonachain a tha Shona Nicllinnein bho thùs. Thòisich i na Ceannard air Bòrd na Gàidhlig san Ògmhios 2016. Tha i air tighinn chun a' Bhùird le còrr is 20 bliadhna de eòlas air leasachadh ghnòthachasan air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan.

'S e Gàidhlig ionnsachadh a rinn i agus chaidh i gu Oilthigh Dhùn Èideann. Bha i ag obair mar Stiùiriche Leasachadh Buidhne is Gnothachais aig Sabhal Mòr Ostaig. Tha i air a bhith an sàs ann an grunn mòr iomairtean is leasachaidhean Gàidhlig, agus mar phàirt dhe sin tha i air obair do dhiofar bhuidhnean Gàidhlig.

Tha eòlas domhainn aig Shona air riaghladh agus planadh ro-innleachdail agus tha eòlas math aice air obair leasachaidh ann an coimhearsnachdan.



Mona Wilson

Tha Mona Wilson air a bhith an sàs ann am foghlam tron Ghàidhlig fad iomadh bliadhna, mar thidsear is ceannard-sgoile, mar oide thidsearan agus neach-rannsachaidh, agus mar neach-taice is neach-comhairleachaidh do dhiofar bhuidhnean is iomairtean le ceangal ri leasachadh na Gàidhlig agus leasachaidhean FtG.

Thòisich i ag obair aig Oilthigh Srath Chluaidh ann an 1999, agus i na h-Àrd-òraidiche airson Foghlaim. San dreuchd sin bha i an urra ri ciad-fhoghlam thidsearan airson oileanaich a bha airson a bhith nan tidsearan bun-sgoile Gàidhlig.

Tha ùidh mhòr, agus eòlas nach beag, aig Mona ann am poileasaidhean airson taic a chumail ri foghlam tron Ghàidhlig agus gus FtG a chur air adhart, agus rinn i tràchdas Maighstireil air a' chuspair sin ann an 2014.

Thòisich Mona aig Bòrd na Gàidhlig san Iuchar 2016 mar a' chiad Stiùiriche Foghlam na Gàidhlig aig a' bhuidhinn. San dreuchd aice bidh i a' toirt ceannas is stiùireadh do Bhòrd na Gàidhlig aig ìre ro-innleachdail a thaobh mar a thèid diofar phoileasaidhean is dòighean-obrach a dhealbhadh is a chur an gnìomh airson Foghlam na Gàidhlig.



Maureen McKenna OBE

Maureen started her teaching career in the former Grampian Region, where she taught mathematics in three different secondary schools before moving back to Strathclyde and becoming principal teacher of mathematics and then assistant headteacher in Kilsyth Academy.

In 2000, she joined Her Majesty's Inspectorate of Education, where she inspected a wide range of schools as well as education authorities and child protection.

Maureen held a number of posts in HMIE, including national specialist for mathematics and District Inspector for Glasgow and North Ayrshire.

She joined Glasgow City Council in December 2007. Maureen is also currently President of Association of Directors of Education of Scotland (ADES) and honorary Vice President of Basketball Scotland and was one of the first women to qualify to be an international basketball referee.

Maureen is currently chair of the Making Maths Count group. This group was set up by the then Cabinet Secretary with the aim of improving the profile of mathematics.

Maureen received an OBE in the Queen's New Year Honours list for services to education in Glasgow and Malawi.



Shona MacLennan

Shona MacLennan, originally from Spean Bridge, joined Bòrd na Gàidhlig as CEO in June 2016. She brings to the Bòrd over 20 years experience in the development of business within the Highlands and Islands.

She is a Gaelic learner of Edinburgh University and was previously working with Sabhal Mòr Ostaig as Director of Business and Organisational Development. She has been involved in a wide range of Gaelic initiatives and developments, including working for various Gaelic organisations.

Shona has extensive governance and strategic planning experience as well as a sound knowledge of community development.



Mona Wilson

Mona Wilson has a long history of involvement in Gaelic-medium education, as a teacher and headteacher, as a teacher educator and researcher, and as a contributor to a range of external bodies and initiatives concerned with the development of Gaelic and GME.

She joined the University of Strathclyde in 1999, as Senior Lecturer in Education. In this role, she was responsible for initial teacher education for students who seek to become Gaelic-medium primary teachers.

Mona has had an active interest in policy to promote and support Gaelic-medium education, completing her Masters dissertation on this topic in 2014.

Mona joined Bòrd na Gàidhlig in July 2016 as the organisation's first Director of Gaelic Education. In the post she provides strategic leadership and direction to the Bòrd in the development of a range of policies and approaches relating to Gaelic Education.